

12/6/25, Glaschu

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan [sa Chathair], Lachlan Peel, Rhoda NicDhòmhnaill,
Marion Nic na Ceàrdaich, Ingrid NicEanraig, Daibhidh Byrne,
Catriona Mhoireach, Calum MacLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)
Eilidh Lewsey (Manaidsear Meadhanan Ionnsachaidh Air-Loidhne) – puing 5
Kathryn NicAoidh (Neach-cuideachaidh Ionmhais)
Sarah NicDhòmhnaill (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh)
Eilidh Nic a' Phì (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Moireach [MM] Ceannard Craolaidh Gàidhlig & Caidreachas (BBC) -
puing 4
Hayley Valentine [HV], Stiùiriche a' BhBC airson Alba – aig toiseachd na coinneimh

Chuir an Cathraiche fàilte air stiùiriche a' BhBC airson Alba chun na coinneimh. Thug i seachad iomradh mu phlanaichean a' BhBC airson Alba airson an àm ri teachd le bhith a' coimhead air Cairt Rìoghail a' BhBC, le fòcas air na ceithir amasan susbaint a th' aca. Fhreagair an Cathraiche gu bheil MG ALBA a' feuchainn ris na h-amasan sin a choileanadh tro shusbaint BBC ALBA ach gu bheil maoineachadh na dhùbhlán.

Chaidh taing a bhuileachadh air HV airson tighinn gu toiseach na coinneimh.

1. Leisgeulan

1.1 Calum Steele.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh

3.1 Aontaichte.

4. Compàirteachas BBC ALBA

4.1 Chaidh innse gu robh meòrachadh gu bhith ga dhèanamh mu shusbaint BBC ALBA le fòcas sònraichte air An t-Eilean, TikTok BBC ALBA agus prògraman *FactEnt*.

4.2 Bha pàipearan air beulaibh bhall a' toirt fianais don Bhòrd mu chuspairean a tha fo ghnìomh taobh a-staigh co-bhanntachd BBC ALBA. Thugar sùil air *showreel* phrògraman, taisbeanadh air luchd-amhairc, rannsachadh TRP agus fios às ùr air ùrachadh na co-bhanntachd. B' iad na prìomh phuingean deasbaid:

4.3 Chaidh innse gum b' e An t-Eilean am prògram a bu shoirbheachail a bh' ann a-riamh air an t-seanail agus gun do tharraing e luchd-amhairc bho air feadh na RA, tòrr dhiubh a bhiodh a' tighinn do BhBC ALBA airson a' chiad turas. Bha margaidheachd farsaing ann air a shon agus sa mhòr-chuid 's e luchd-amhairc boireann, nas beartaiche agus 55+ a bha a' coimhead air a' phrògram ach tha sin coltach ri luchd-cleachdaidh a' BhBC san fharsaingeachd.

4.4 Ged is e iomairt shoirbheachail a bh' anns An t-Eilean chaidh tòrr leasan a thogail tron phròiseas: tha am BBC iPlayer air gluasad gus "Day 1 Drop" a mholadh gus barrachd dhaoine a thàladh gus am prògram a choimhead; dh'fhaodadh barrachd cuideam a bhith air na cleasaichean òga a bh' anns an t-sreath gus luchd-amhairc nas òige a thàladh don phrògram; feumaidh soillearachadh a bhith ann don luchd-amhairc gu bheil fo-thiotalan ann agus nach eil a' chànain na chnap-starra.

4.5 Thog aona bhall air mar a bha a' Ghàidhlig air a cleachdadh anns an t-sreath agus nam biodh e comasach a bhith gu tur anns a' Ghàidhlig agus iad a' togail air an dràma Crà ann an Èirinn mar eisimpleir.

4.6 Chaidh innse gu robh iomadach neach an sàs sa phròiseact agus leis a sin gu robh a h-uile pàrtaidh a' sùileachadh rudeigin sònraichte agus gu robh feum air còrdadh eatarra.

4.7 Chaidh innse gu bheil stiùir cànan ann agus gu bheil sin a' ceadachadh sùbailteachd a rèir cò air a tha am prògram ag amas.

4.8 Chaidh innse gu robhas mothachail mu bheachdan an luchd-coimhid air mar a chaidh Beurla a chleachdadh, agus bha aithneachadh ann gu robh amannan ann far nach robh a' chànain a'

faireachdainn buileach ceart is tha sin air aire oifigearan 's iad a' coimhead air an dàrna sreath.

- 4.9 Chaidh innse gun d' fhuair BBC ALBA cead bhon BhBC gus cunntas TikTok a chruthachadh is tha sin an dùil a dhol beò aig Fèis Belladrum air 1/8/25. Chaidh innse gu bheil an t-ùrlar gu bhith air a chleachdadh mar inneal gus susbaint BBC ALBA a thabhann do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig nach eil air an ruighinn le susbaint loidhneach agus iPlayer.
- 4.10 Chaidh innse gur e prògraman *FactEnt* a tha gu mòr aig cridhe an ro-innleachd againn airson clàr loidhneach.
- 4.11 Chaidh innse gu bheil farsaingeachd de chuspairean a' nochdadh anns an roinn seo agus ged a tha iad ag amas air luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gu lèir tha a' bhuaidh as motha ri fhaicinn am measg dhaoine a tha 55+.
- 4.12 Thog ball an robh cuspairean agus buaidh *FactEnt* a rèir an t-amas a th' aig BBC ALBA airson a bhith a' ruighinn luchd-cleachdaidh nas òige. Chaidh innse gu feum susbaint BBC ALBA farsaingeachd de dhaoine a ruighinn, nan lùib an deamografaig nas sinne.
- 4.13 Le bhith a' cruthachadh cunntas air TikTok tha miann ann gus ceangal a dhèanamh eadar diofar seòrsa susbaint le bhith a' cleachdadh luchd-cruthachaidh TikTok ann am prògraman BBC ALBA, leithid Niamh MacKinnon agus Somhairle MacLain a bhios a' nochdadh ann am prògraman ùra ann an riochd goirid.
- 4.14 Thog ball air an diofar eadar na h-àireamhan a th' aig BBC Radio nan Gàidheal an taca ri BBC ALBA is gu bheil iad a' tarraing a-steach fèill nas motha de dhaoine. Chaidh innse gu bheil susbaint RnG beò agus ùr air a h-uile là agus nach eil an aon rud comasach do BhBC ALBA ach gu bheil an dà sheirbheis ag obair gu dlùth còmhla.
- 4.15 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na taisbeanaidhean agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail air gnothaichean co-cheangailte ri susbaint BBC ALBA, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus riarachtaiche mun t-slighe air adhart airson mar a tha prògraman BBC ALBA a' coileanadh ro-innleachd.

5. SpeakGaelic & LearnGaelic

- 5.1 Thugar sùil air taisbeanadh a thug seachad fianais mu mar a tha susbaint ionnsachaidh SpeakGaelic soirbheachail no mì-shoirbheachail air na meadhanan sòisealta. B' iad na prìomh phuingean deasbaid:
- 5.2 Tha eadar-dhealachadh mòr ann a thaobh nam pìosan susbaint as soirbheachail agus na pìosan nach do shoirbhich agus tha sin air sàillibh gu bheil susbaint soirbheachail a) a' freagairt ceist do luchd-ionnsachaidh b) a' gabhail a-steach ceangal air choireigin le cultar na

h-Alba agus c) a' cleachdadh neach-lìbhrigidh a tha tarraingeach don luchd-cleachdaidh e.g. Calum MacIllEathain.

- 5.3 Chaidh innse gur e *Facebook* an làrach as soirbheachail a th' aig SpeakGaelic an-dràsta leis gu bheil cothrom ann susbaint ionnsachaidh nas toinnte a chur an àrd air an làrach sin an taca ri TikTok no Instagram agus tha luchd-ionnsachaidh dealasach na Gàidhlig sa chumantas beagan nas sinne agus rin lorg air FB. Ach, tha TikTok agus Instagram math airson a bhith a' bualadh dhaoine aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig agus àrdachadh a dhèanamh air aithne a' chànain air ùrlar eadar-nàiseanta.

- 5.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.

6. Meadhanan Gàidhlig san àm ri teachd

- 6.1 Chaidh innse gu robh coinneamh aig an Àrd-Oifigear agus an Cathraiche le Ofcom, agus iad ag ullachadh airson aithisg fhoillseachadh as t-samhradh mun t-slighe air adhart airson craoladh poblach anns an RA. Bha aithneachadh ann gu bheil na meadhanan Gàidhlig ann an suidheachadh nas laige na meadhanan na Cuimris agus na Gaeilge ach cha robh gealladh sam bith ann gun tig piseach air a sin.
- 6.2 Chaidh faighneachd am bu chòir dhuinn an deich bliadhna a chaidh seachad a chleachdadh mar *blueprint* airson nan deich bliadhna air thoiseach agus chaidh aontachadh nach bu chòir is gu bheil leasachaidhean ann a dh'fheumas dèanamh gus nach tèid ar fàgail air dheireadh.
- 6.3 Bha beachdachadh ann a thaobh an seòrsa ro-innleachd a tha còir a bhith ann agus Riaghaltas na RA ag ullachadh airson Cairt Rìoghail ùr airson a' BhBC.
- 6.4 Tha ceistean rin togail a thaobh siostam obrach, ceartas agus prionnsabal poileataigeach, gu h-àraidh ann an coimeas le S4C anns a' Chuimrigh.
- 6.5 Bha pàipear a' moladh buidheann-stiùiridh a stèidheachadh gus obrachadh air ann am barrachd doimhneachd agus ìmpidh a chur air na daoine chumhachdach cheart, ach bha beachd ann gun toir e ùine gus sin a chur air dòigh.
- 6.6 Chaidh a thogail gur dòcha gum b' fiach e cuideigin fa-leth a thoirt a-steach aig a bheil eòlas a thaobh coiteachadh gus an obair a dhèanamh às leth MG ALBA agus gheibheadh iad taic agus stiùireadh bhon Bhòrd agus gu h-àraid bhon Chathraiche.
- 6.7 **Co-dhùnadh:** dh' aontaich buill (1) nach rachadh buidheann-stiùiridh a chruthachadh an-dràsta; (2) gun dèanadh an Cathraiche agus Rhoda NicDhòmhnaill meòrachadh air cò iad a b' urrainn taic a thoirt aig ìre phoilitigeach; (3) gun rachadh a' cheist seo a làimhseachadh mar aon leis a' ghluasad airson Aonta Fàs na Gàidhlig, a chaidh a dheasbad aig puing 8.

7. Aithris a' Chathraiche

- 7.1 Dh'innse an Cathraiche mu na coinneamhan agus tachartasan anns an robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.
- 7.2 Chaidh coinneachadh ri Ofcom far an deach argamaid a dhèanamh a thaobh cion airgid agus leanaidh conaltradh.
- 7.3 Bhathas an làthair aig tachartas Chomhairle na Gàidhealtachd aig toiseach a' Chèitein agus chaidh am beachd airson iomairt Aonta Fàs na Gàidhlig a thogail.
- 7.4 Chaidh litrichean an sgrìobhadh do Leas Phrìomh-Mhinistear na h-Alba agus Rùnaire Stàite na h-Alba. Thàinig freagairt sgiobalta bhon dithis aca agus tha coinneamhan gu bhith ann leotha anns na mìosan a tha ri thighinn.
- 7.5 Ged nach b' urrainn don Leas-Phrìomh Mhinistear a thighinn a Steòrnabhagh mar a bha dùil, bha còmhraidh ann eadar i fhèin agus an Cathraiche air am fòn agus bha coltas ann mar gu robh i taiceil ris an iomairt airson Aonta Fàs na Gàidhlig.
- 7.6 Bhathas an làthair aig duaisean CIRCOM ann am Barcelona aig deireadh a' Chèitein còmhla ri Black Camel Pictures. Bhuannaich An t-Eilean duais airson an dràma a b' fheàrr agus an Grand Prix airson am prògram as fheàrr anns a' cho-fharpais air fad. Thug e an cothrom do shusbaint BBC ALBA a bhith air fhaicinn air àrd-ùrlar nàiseanta Eòrpach agus gu luchd-amhairc nach urrainn dhuinn ruighinn gu h-àbhaisteach. 'S e clach-mìle mhòr a bh' ann gum b' e prògram ann an Gàidhlig a chaidh aithneachadh mar am prògram a b' fheàrr bho air feadh craoladh poblach san Roinn Eòrpa agus bha na h-Eòrpaich eile a bh' ann gu math taiceil mu dheidhinn.
- 7.7 Bhathas an làthair aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach agus an sàs ann am panail a bha a' cur fàilte air na h-àrd-stiùirichean ùra aig TG4 agus S4C. Cuideachd, meal-a-naidheachd do RnG a bhuannaich an stèisean radio a b' fheàrr aig cuirm nan duaisean.
- 7.8 Chaidh meal-a-naidheachd a bhuileachadh air Mairead Chamshron a fhuair *Special Recognition Award* aig duaisean RTS na h-Alba. Bha e na shamhlachadh air a h-obair gus inbhe craolaidh na Gàidhlig agus MG ALBA a thogail.
- 7.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

8. Aonta Fàs na Gàidhlig

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh san fharsaingeachd a thaobh iomairt airson Aonta Fàs na Gàidhlig and cuide ri litrichean a chaidh a chur do Leas Phrìomh-Mhinistear na h-Alba agus Rùnaire Stàite na h-Alba agus an cuid fhreagairtean. B' iad na prìomh phuuingean deasbaid:

- 8.2 Chaidh còmhradh a chumail mu ciamar a b' fheàrr a rachadh co-obrachadh Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na Rìoghachd Aontaichte a bhrosnachadh às leth maith craoladh Gàidhlig, agus chaidh diofar bheachdan a chur fo dheasbad, agus chaidh cuspair comhairle phroifeasanta a thogail.
- 8.3 Chaidh aontachadh gum bu chòir don iomairt a thaobh Cairt Rìoghail ùr a' BhBC a bhith air fhaicinn mar phàirt den bheachd airson Aonta Fàs na Gàidhlig, le Riaghaltas na RA, a thaobh a' Chairt Rìoghail, agus Riaghaltas na h-Alba, a thaobh maoineachadh MG ALBA, a' co-obrachadh.
- 8.4 **Co-dhùnadh:** chaidh aontachadh cuspair Cairt Rìoghail a' BhBC a làimhseachadh còmhla ri, no mar phàirt, de dh'iomairt airson Aonta Fàs na Gàidhlig, agus nuair a choinnicheas gach pàirt anns an t-Sultain gum biodh an t-slighe air thoiseach nas soilleire.
- 8.5 **Gnìomh:** thèid meòrachadh air an taic proifeasanta a tha a dhìth. **(Cathraiche)**

9. Plana-obrach 3 bliadhna

- 9.1 Chaidh clàr-obrach 3 bliadhna a cho-roinn le buill, le gnìomhan air an sgaoileadh rè ùine. An lùib nan nithean air an deach iomradh a thoirt bha:
- 9.1.1 Tha oifigearan ainmichte os cionn planaichean EDI & P2NZ;
- 9.1.2 Tha plana airson ìre 2 SpeakGaelic a' crochadh air còmhraidhean a thathas a' cumail le SMO agus Bòrd na Gàidhlig;
- 9.1.3 Tha planaichean ri sgrìobhadh air diofar chuspairean, nan lùib:
- Plana Leantainneachd Ceannardais
 - Plana oifis Steòrnabhaigh
 - Leantainneachd Com-pàirteachas Susbaint Choimhearsnachd
 - Rannsachadh an "Treas a tha a dhìth" den luchd-coimhid
 - Modal Foillseachaidh agus Co-bhanntachd airson teirm Cairt Rìoghail ùr a' BhBC
 - Plana fàis modal co-ionmhais
 - Lèirmheas air modal nam Pasgan
 - Prògram Leasachaidh Ceannardais/Prògram Leasachaidh Mhanaidsearan/Prògram Conaltraidh Riochdairean/Lèirmheas Gnìomhachais is Sgilean air Roinn Neo-eisimeileach na Gàidhlig
 - Briathran airson atharrachaidhean Reachdail
 - Dealbhaich & maoinich Sgeama Leasachaidh Co-thasgadh
 - Lèirsinn ùr airson MG ALBA - bidh an fhear a th' againn a' ruith a-mach ann an 2027.
 - Plana airson AI agus mar a bhios na meadhanan Gàidhlig a' dol an sàs ann.

- 9.2 Chaidh còmhraidh a chumail air AI agus na draghan pragtaigeach agus eiteil aig daoine agus feumaidh iad sin a bhith air an aithneachadh. Ach tha mothachadh ann nach eil AI a' dol a dhol air falbh 's gu bheil e dìreach gu bhith ag adhartachadh 's chan eil sinn ag iarraidh gun tèid a' Ghàidhlig a fàgail air dheireadh.
- 9.3 Chaidh a thogail gu bheil mòran air clàr-obrach an Àrd-oifigeir agus nan Stiùirichean. Leis a sin bha ceist ann an robh feum ann airson luchd-obrach a bharrachd leithid COO no cuideigin a tha neo-cheangailte no pàirt-ùine gus seo a thoirt gu buil.
- 9.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta ris a' chlàr-obrach ach soilleir gum bu chòir coimhead ri taic fhaighinn a-steach gus cuid den obair a ghabhail os làimh.
- 9.5 **Gnìomh:** ni an Cathraiche ceangal eadar an Àrd-Oifigear agus eòlaiche fastaidh "fractional" gus rannsachadh a dhèanamh a thaobh taic a bhiodh freagarrach.

10. Comataidhean

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

- 10.1 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 27/5/25.
- 10.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta

Comataidh Lèirsinn

- 10.3 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 28/5/25.
- 10.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

11. Aithisg an AO & an Stiùiriche Susbaint

- 11.1 Tha Iain MacDermid gu bhith a' tòiseachadh mar Àrd-Riochdaire làn-ùine bho 1/8/25. Bidh e os cionn an sgioba cruthachail agus an uair sin 's urrainn dha Lisa Annette gluasad gu obair coimiseanaidh.
- 11.2 Bidh an dreach deireannach airson cuireadh gu tagradh airson FilmG a' dol a-mach air 13/6/25. Bidh e airson an fharpais agus na bùthan-obrach a fhrithéaladh agus bidh cùmhnant fa-leth airson tachartas a chur air dòigh.
- 11.3 Tha Riaghaltas na h-Alba air £35k a thoirt seachad airson làrach-lìn FilmG a leasachadh.
- 11.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

12. Dèanadas agus Cunntasan Q2

- 12.1 Tha cùisean air a bhith soirbheachail a thaobh luchd-cleachdaidh. Ged a tha crìonadh air seirbheisean loidhneach tha na h-àireamhan air iPlayer, na meadhanan sòisealta agus YT ag èirigh.
- 12.2 Tha an ro-innleachd a th'air a bhith againn le *tentpoles* airson a' chlàr - co-dhiù aon rud sònraichte anns a' chlàr a h-uile mìos - air obrachadh gu math agus tha e a' tàladh dhaoine air ais chun na seanail.
- 12.3 Chan eil ceangal làidir ann eadar mothachadh brannd agus ar luchd-cleachdaidh. Tha am BBC a' dèanamh barrachd rannsachadh mun seo ach thàinig beachdan an àrd a thaobh iPlayer 's nach eil e an-còmhnaidh follaiseach mu dè an t-seanail air am bi daoine a' coimhead nam prògraman. Cuideachd chaidh An t-Eilean a-mach air BBC 4, mar sin dh'fhaodadh sin buaidh a thoirt air mothachadh brannd airson BBC ALBA.
- 12.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

13. Meatraigs Riosg

- 13.1 Bha còmhraidh ann leis a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a thaobh cho iomchaidh 's a tha am meatraigs riosg a th' againn agus a bheil feum ann ùrachadh a dhèanamh.
- 13.2 Bidh pàipear ann bho Cheannard Teicneòlas agus Oighreachd airson na h-ath-choinneimh gus meòrachadh air.
- 13.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte
- 13.4 **Gnìomh:** thig an aithisg chun na h-ath choinneimh. (UML)

14. Cùisean deireadh na bliadhna 2024/25

Cunntasan Reachdail & Aithisg an Luchd-sgrùdaidh

- 14.1 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.
- 14.2 **Gnìomh:** thèid na cunntasan a shoidhneadh leis an t-Àrd-oifigear agus an Cathraiche.

Aithisg Bhliadhnail

- 14.3 Tha an Cathraiche gu bhith a' gabhail sùil air an eadar-theangachadh mus tèid e don chlàr-bhualadair.
- 14.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

15. Ùghdarras phrògraman - Spòrs

- 15.1 Bha moladh air beulaibh bhall airson sìneadh dà bhliadhna a thoirt do Sunset + Vine airson susbaint spòrs a thabhann.
- 15.2 Bidh àrdachadh cosgais 10% ann, ach a rèir mar a tha cosgaisean ag èirigh agus an taca ri cosgaisean na roinne, bha oifigearan den bheachd gu robh sin gu math reusanta.
- 15.3 Feumaidh Outside Broadcast (“OB”) Units a bhith ann airson susbaint spòrs a lìbhrigeadh agus leis a sin ’s e an OB a bhios a’ gabhail suas tòrr de bhuidseat spòrs. Tha an companaidh a bhios iad a’ cleachdadh airson OB gu bhith còmhla ri S + V airson dà bhliadhna eile air cosgais stèidhichte, agus tha deagh eòlas aca.
- 15.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh deasbad a chumail, bha buill riarachtaichte agus thug iad taic don Chathraiche an ùghdarras aige a chur ri ùghdarras nan oifigear gus an cùmhnant a chur an gnìomh.

16. GISBE

- 16.1 Tha seisean gu bhith againn aig Fèis TBh Dhùn Èideann air 21/8/25 a tha MG ALBA a’ co-riochdachadh.
- 16.2 Chaidh a mholadh le ball a tha an sàs sa Chomataidh Lèirsinn gun atharraich iad an uair a bhios iad a’ coinneachadh, agus beachdachaidh Cathraiche na Comataidh air cùisean.
- 16.3 Chaidh aontachadh am measg nam ball gun tèid an ath choinneamh den Bhòrd a chumail air an fheasgar ann an Glaschu. Bheir seo cothrom do dhaoine beagan bruidhinn a dhèanamh ro làimh agus tòisichidh a’ choinneamh timcheall air 1f. Bidh seo air fheuchainn airson na h-ath choinneimh faic ciamar a dh’obraicheas cùisean.

17. Deit na h-ath choinneimh – 18/9/25, Glaschu (feasgar)